

Tasglann nan Eilean Siar

A' toirt taic dha gnothaichean ionadail sna h-Eileanan Siar

Tha coimhearsnachd gnothachais soirbheachail anns na h-Eileanan Siar a' sreath bho bùthean ionadail, neo-eisimeileach gu bùthean choimhearsnachd gu a' tochladh, cuachd ath-nuachail gu gnìomhachas an Clò Mhòr.

Chan eil cus làrach aig gnothaichean ioma-thìreach sna h-Eileanan Siar. Tha seo a ciallachadh gu bheil fad-shaoghalachd agus ceangal ionadail aig gnothaichean nan eilean nach lorgar ann am pàirtean eile de dh' Alba.

Tha Tasglann nan Eilean Siar air a mhaoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar, Mhaoin Eòrpach airson Leasachadh Roinneil agus Comunn na Gàidhlig airson seirbheis tasglann a stèidheachadh sna h-Eileanan Siar. Thòisich am proiseact ann an 2010 agus tha i a' leantal gu 2013. Tha am proiseact ag amas obrachadh còmhla ri gnothaichean agus gnìomhachais airson taic agus comhairle a thoirt dhaibh air na clàran aca.

Tha an taic fad is farsaing airson feumalachdan gach gnothaich a choileanadh. Bho obair sgrùdaidh air clàran gu a stèidheachadh modhan rianachd– bheiridh an obair seo an cothrom smachd a chumail air clàran gus am bi beachd ann dè as fhèarr a bu chor a dhèanamh leotha. Tha Tasglann nan Eilean Siar airson gnothaichean a chuideachadh le gach seòrsa clàr a th' aca - clàran rianachd, margaideachd no laghail.

Dh' obraich Tasglann nan Eilean Siar còmhla ri Ùghdarras a Chlò Hearaich airson liosta sgrùdaidh den clàran gu leir aca a chruthachadh. Tha cruinne a' Chlò Mhòr air a bhith na seula-mhalairt nas fhaide na te sam bi eile ann am Breatainn. Tha làrach na cruinne air a chur air gach pìos dhan Chlò a tha air a dhèanamh sna h-eileanan agus tha seo a samhlachadh mathas agus moit dha tòrr daoine. Air sgath seo, tha cobhradh air a' chruinne gu ìre mhòr.

Leis an obair sgrùdaidh, thàinig an cothrom beagan glanadh agus sgioblachadh a dhèanamh ach cuideachd, fhuair lorg air faidhlaichean lagh mun seula-mhalairt. Còmhla ri na pàipearan lagh, bha eisimpleirean eachdraidheil air sanasachd agus fianais mu gnìomhachais timcheall an t-saoghail. A' leantail air adhart bho an obair sgrùdaidh, tha e nas ruigsinneach dhan Ùghdarras cleachdadh fhaighinn air na clàran airson gun cum iad taic ris an obair margaideachd aca.

Thuir Lorna NicAmhlaigh, ceannard Ùghdarras a Chlò Hearaich “Tha ar dìleab aig cridhe ar dearbh-aithne agus tric, bidh dealbhaichean airson an tasglann fhaicinn airson brosnachadh inntinn fhaighinn. Tha luchd-tadhail à thall thairis a tha airson an clò-mhòr a chleachdadh a luachnachadh stuth tasglainn fhaicinn agus tha sinn fhìn a' faicinn luach mhòr ann a bhith a' cleachdadh an tasglann san dòigh seo”

Chaidh lorg fhaighinn air clàran na seann muilinn còmhla ri leabhraichean nam breabadairean, a dh' innse mu croitearan a bha a' breabadaireachd aig an taigh. Tha seo aig cridhe eachdraidh shòisealta agus gnothaichais, cuspair a tha an Ùghdarras dèidheil a dhèanamh ruigsinneach dha luchd-rannsachaidh.

San àm ri teachd, tha an Tasglann airson taic a chumail ri gnothaichean, chan ann a mhàin airson a bhith a' stiùireadh clàran ann a dòigh èifeachdach ach a' dèanamh cinnteach gu bheil iad air an gleidheadh agus air an dèanamh ruigsinneachd gu luchd-ionnsachaidh anns na h-eileanan agus nas fhaide

 www.tasglann.org.uk

 www.harristweed.org



Harris Tweed